

Plana Gàidhlig

2022 – 2027

10 Cèitean 2022

Ro-ràdh

Seo an t-eagran as ùire den Phlana Ghàidhlig againn airson Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath, agus tha e a' toirt feart air an dà chuid Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 agus air ar Plana fhèin gu Siorrachd Lannraig a Tuath a dhèanamh mar an t-àite as fheàrr ann an Alba airson a bhith a' fuireach, ag obair agus ag ionnsachadh.

Anns an eagran seo den phlana againn a mhaireas còig bliadhna, tha sinn a' mìneachadh mar a tha sinn gu bhith a' coileanadh nan amasan nàiseanta airson a bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig agus ionnsachadh na Gàidhlig agus a bhith a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach den chànan.

Tha sinn air planaichean àrd-amasach aontachadh gus rannsachadh a dhèanamh air a' mhiann airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus gus cothrom a thoirt seachad air do dhaoine a tha airson a chleachdadh, an dà chuid ann am foghlam na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile agus nas fharsaingeach tro na Seirbheisean Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd againn agus Cultar NL.

Tha sinn a' dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil an aon inbhe aig a' Ghàidhlig mar chànan beothail an latha an-diugh le bhith a' gealltainn àrdachadh a thoirt air na tha ri fhaighinn do sgoilearan ann an sgoiltean gus Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt de Phlana Cànan 1+2 a bharrachd air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd an cànan ionnsachadh agus a chleachdadh sa bheatha làitheil aca.

Tha ceanglaichean air a bhith aig Siorrachd Lannraig a Tuath dhan choimhearsnachd Ghàidhlig air feadh Meadhan na h-Alba bho chionn fhada agus tha sinn gu mòr airson a bhith a' neartachadh nan ceanglaichean sin barrachd tro ghealltanasan corporra gus dèanamh cinnteach gum bi inbhe cho-ionann aig a' Ghàidhlig anns gach raon de dh'obair na comhairle agus tro bhith ag obrachadh le ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail fad is farsaing.

Tha an galar lèir-sgaoilte air droch bhuaidh adhbharachadh san sgìre againn ann an diofar dhòighean, ach tha e cuideachd air sealltainn dhuinn gun urrainn dhuinn obrachadh ann an com-pàirteachas le farsaingeachd de luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gum faigh an luchd-ionnsachaidh againn na builean as fheàrr agus, thar beatha an eagrain seo den phlana, thathar an dòchas gun urrainn dhuinn an t-eòlas ùr seo a chleachdadh gus fìor chothrom a thoirt air raon farsaing de dh'eòlasan agus gnìomhan Gàidhlig dhan a h-uile duine sa choimhearsnachd.

Le deagh dhùrachd

Des Murray
Àrd-oifigear

Clàr-innse

1. Facal-toisich

- Co-theacsa
 - A' Ghàidhlig taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath
 - Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
 - Comas airson fàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
 - Comas airson fàs ann an Ionnsachadh na Gàidhlig
 - Achd na Gàidhlig agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig

2. Prìomh Phrionnsabalan

- Spèis cho-ionann
- Tairgse Ghnìomhach
- Àbhaisteachadh

3. Gealltanasan a' Phlana

4. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

5. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

6. Ceanglaichean ri Frèaman-obrach Coileanaidh Roinneil is Ionadail

7. Foillseachadh

8. A' goireasachadh a' Phlana

9. A' sgrùdadh a' Phlana

10. Am Plana Gàidhlig agus an t-Ùghdarras Poblach

1. RO-RÀDH

An Co-theacsa againn

Tha Siorrachd Lannraig a Tuath na sgìre de mu 181 mìle ceàrnagach ann am Meadhan na h-Alba. Tha a' mhòr-chuid den sgìre bailteil ach tha cuid de sgìrean dùthchail ann. Tha trì prìomh sgìrean bailteil ann an Siorrachd Lannraig a Tuath: Comar nan Allt is Cille Saidhe, an t-Àrd-Ruigh is Coatbridge, agus Tobar na Màthar, Wishaw is Shotts.

Tha sluagh de 340,000 ann an sgìre na comhairle, ga fàgail mar an ceathramh ùghdarras ionadail as motha ann an Alba. Ann an 2017, stèidhich a' chomhairle Coimiseanan Cothromachd Siorrachd Lannraig a Tuath gus molaidhean poileasaidh a chur air adhart a bhiodh ag amas air aghaidh a thoirt air bochdainn agus neo-ionannachd na sgìre agus chithear buaidh nam molaidhean anns a' Phlana airson Siorrachd Lannraig a Tuath.

Is e an lèirsinn airson Siorrachd Lannraig a Tuath a bhith 'na àite airson a bhith a' fuireach, ag ionnsachadh, ag obair, a' tasgadh agus a' tadhal'. Tha seo daingnichte sa Phlana airson Siorrachd Lannraig a Tuath a chaidh aontachadh agus fhoillseachadh sa Mhàrt 2019 agus tha e stèidhichte air mion-sgrùdadh air an sgìre agus na dùbhlain agus cothroman a tha ann.

Is e fear de na prìomhachasan as motha aig a' chomhairle a bhith a' toirt taic do chloinn agus do dhaoine òga gus an coilean iad an làn chomas. Tha seo a' gabhail a-steach lùghdachadh neo-ionannachd chloinne, rud a tha na phrìomhachas dhan chomhairle agus a com-pàirtichean.

Tha a' chomhairle a' faighinn maoinachadh a bharrachd mar fhear de naoi ùghdarrasan Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba. Tha stiùireadh Riaghaltas na h-Alba ag ràdh gum bu chòir am maoinachadh seo a chleachdadh gus taic a chuimseachadh air clann a tha fo bhuaidh bochdainn gus an coilean iad an làn chomas.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath

Cùl-fhiosrachadh

Anns an 11^{mh} - 12^{mh} linn b' e a' Ghàidhlig a' phrìomh chànan ann an Siorrachd Lannraig. Tha an tùs Gàidhlig aig iomadh ainm-àite, mar eisimpleir Comar nan Allt, An t-Àrd-Ruigh, Gleann Bog agus Mollinsburn na fhianais air an eachdraidh seo. Chlàraich cunntas-sluaigh 2011 gun robh sgìlean labhairt, leughaidh no sgrìobhaidh sa Ghàidhlig aig 2127 neach ann an sgìre na comhairle, nas lugha na 1% den t-sluagh. Ach, tha am Mòd Nàiseanta a chaidh a chumail anns an Àrd-Ruigh ann an 1993 agus fosgladh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Comar nan Allt air cur ri mothachadh agus taic do leasachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Lannraig a Tuath. Chaidh ceanglaichean a dhèanamh eadar dualchas na h-Èireann agus leasachadh na Gàidhlig anns an sgìre comhairle againn.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a bhith ri fhaighinn do sgoilearan ann am Bun-sgoil Cheann Dobhrait bho 1997, le sgoilearan a fhuair foghlam ann am FtG a' gluasad air adhart gu Àrd-sgoil Greenfaulds. Aig an àm seo, tha mu 250 sgoilearan ann am FtG ann an sgìre Chomar nan Allt,

ach tha cuibhreann nach beag de na sgoilearan sin a' tighinn bho thaobh a-muigh na sgìre, a' mhòr-chuid aca bhon Àrd-Ruigh is Coatbridge, le solar sgoil-àraich a bharrachd ann am Bun-sgoil agus Ionad-àraich Tollbrae. Tha na figearan seo a' sealltainn àireamhan na cloinne ann am FtG aig àm cruthachadh a' phlana thùsail. Ach, tha na h-àireamhan sin air a dhol suas ann an seisean 21-22 agus a-nis tha 16 pàistean ann am FtG ann an Tollbrae, 178 ann an Ceann Dobhrait agus tha 97 a' dèanamh FtG airson cuid den t-seachdain ann an Àrd-sgoil Greenfaulds.

Sgoil	Sgoil-àraich Tollbrae	Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Cheann Dobhrait	Àrd-sgoil Greenfaulds
Comar nan Allt agus Cill Saidh		125	27
An t-Àrd-Ruigh	5 (8 sa Ghearran 20)	39	26
Coatbridge agus Bellshill	1 (an Gearran 20)	8	4
Tobar na Màthar agus Wishaw	1	4	1
Taobh a-muigh Siorrachd Lannraig a Tuath		9	12
Iomlan	6 (10 sa Ghearran 20)	185	70

“Thathar a’ meas foghlam tro mheadhan na Gàidhlig mar sgeulachd shoirbheachais agus tha na buannachdan a tha na lùib, agus mar a tha e a’ brosnachadh comas dà-chànanach san fharsaingeachd gu math aithnichte. Tha rannsachadh a’ sealltainn gu bheil e a’ toirt seachad leasachadh cognatach nas fheàrr agus gu bheil sgoilearan a tha a’ dol tro FtG a’ dèanamh co-dhiù a cheart cho math sa Bheurla, no nas fheàrr sa Bheurla, na an co-aisean aon-chànanach”. (*Holyrood Magazine Dec 2018*)

‘S e cànan coimhearsnachd a th’ anns a’ Ghàidhlig agus tha e ro-chudromach do sgoilearan FtG gum bi cothroman ann a cleachdadh anns an uiread ‘s a ghabhas de shuidheachaidhean ma tha i gu bhith a’ soirbheachadh. Tha seo a’ gabhail a-steach cothroman a bhith ga cleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean coimhearsnachd, le luchd-labhairt eile na Gàidhlig bho air feadh nan ginealaichean.


Tha cho cudromach ‘s a tha foghlam Gàidhlig ann a bhith a’ glèidheadh agus a’ toirt fàs air a’ chànan a’ fiosrachadh dòigh-obrach na comhairle a rèir na leanas:

"Cuiridh sinn dleastanasan is còraichean laghail ùra an sàs mar thaic do dh’fhoghlam tron Ghàidhlig mar phàirt den ghealladh leantainneach againn gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a ghleidheadh is a mheudachadh... a’ dèanamh cinnteach gum faigh luchd-labhairt òga na Gàidhlig taic airson an cànan a chleachdadh agus a thoirt don ath ghinealach."


Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23

Comas airson fàs ann am FtG

Tha a’ choimhearsnachd a’ cur luach mòr air seo seo agus thèid an cothrom a ghabhail san eagan seo den phlana gus a leudachadh. Rinneadh sgrùdadh tòiseachail air daoine a dh’fhaodadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a roghainn as t-Foghar 2020, agus nochd luchd-còmhnaidh air feadh Siorrachd Lannraig a Tuath ùidh ann am FtG. Tha an clàr a leanas a’ sealltainn àireamhan nam pàrantan/luchd-cùraim a bhiodh airson an cuid chloinne a chlàradh ann am FtG aig ìre na sgoil-àraich:



Tha an clàr gu h-ìosal a’ sealltainn na h-àireimh a bhiodh airson an cuid chloinne a chur ann am FtG san ìre as Àirde:



Tha liosta shlàn de na clàran anns a’ phàipear-taice. A’ togail air an fhiosrachadh seo, tha e coltach gun robh ùidh mhòr air feadh an ùghdarrais ann a bhith a’ cleachdadh FtG bhon sgoil-àraich gu deireadh na h-ìre as àirde. Ged nach eil an dàta seo ach taisbeanach, tha e fìor chudromach gum faighear a-mach dè an t-iartras a dh’fhaodadh a bhith ann gus FtG a stèidheachadh agus gus dèanamh cinnteach gun tèid an t-iartras seo a choileanadh cho luath ‘s a ghabhas.


Thèid barrachd obrach a dhèanamh air seo gus faighinn a-mach dè an dòigh as fheàrr gus coinneachadh ris an iartras seo, le stèidheachadh àrainn air leth mar phrìomhachas. Bidh an obair seo a’ gabhail a-steach a bhith a’ comharrachadh an àite as iomchaidh, dealbhadh, sruthan maoineachaidh agus ro-innleachd airson a bhith a’ trusadh an dà chuid luchd-obrach agus sgoilearan. Nithear an obair a tha a dhìth anns a’ chiad bhliadhna den eagan seo den phlana.

A bharrachd air seo, thèid buidheann co-chomhairleachaidh a stèidheachadh san Lùnastal le ballrachd bho phàrantan de chloinn a th’ ann am FtG no a tha air ùidh a nochdadh ann am FtG, gus comhairle a thoirt seachad air grunn diofar cheistean fhad ‘s a thathar a’ stèidheachadh an t-solair seo.

Comas airson fàs ann an Ionnsachadh na Gàidhlig

Mar phàirt de seo, tha sinn an dùil dèanamh cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig mar phàirt den tairgse ghniomhach 1+2 sna bun-sgoiltean againn. An-dràsta, thathar a’ tabhann Gàidhlig mar chànan a bharrachd do sgoilearan ann am Buidheann Greenfaulds agus tha grunn dhiubh sin an uair sin a’ dèanamh Gàidhlig mar Nua-chànan san àrd-sgoil. Tha sinn an dùil an tairgse seo a leudachadh gus dèanamh cinnteach gum bi a h-uile sgoilear a tha airson Gàidhlig a dhèanamh mar dhàrna cànan no mar chànan a bharrachd comasach air sin a dhèanamh, a rèir an t-suirbhidh tòiseachail a rinneadh le pàrantan mu dheidhinn seo bho chionn ghoirid.

Faic an clàr gu h-ìosal:



Ged a tha feum air barrachd sgrùdaidh air seo, tha an ìre àrd de fhreagairtean fàbharach a’ nochdadh gu bheil coltas ann gu bheil fìor mhiann ann airson an t-solair seo.

Seo, ma-thà, àm iomchaidh airson cothroman trèanaidh susbainteach a thabhann airson sgilean luchd-obrach àrdachadh gus an urrainn dhaibh seo a lìbhrigeadh. Sheall aithisg bho Chomhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba bho chionn ghoirid air na h-àireamhan thidsearan a bha airson sgilean Gàidhlig a thogail, gu bheil cùisean a’ coimhead dòchasach, le timcheall air 40 luchd-obrach ann an Siorrachd Lannraig a Tuath a’ sealltainn ùidh ann an seo mar-thà.

Gàidhlig sa Choimhearsnachd Againn

Bidh an sgioba Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd againn cuideachd a’ brosnachadh deagh ìomhaigh den Ghàidhlig agus a cultar, a’ foillseachadh cothroman agus a’ taisbeanadh na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta aca, a’ gabhail a-steach susbaint chunbhalach ann an cuairt-litrichean ionadail agus ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean coimhearsnachd agus pròiseactan Gàidhlig ùra agus stèidhichte, mar eisimpleir, a’ Chòisir Ghàidhlig. Bidh sgioba oidean dealasach a’ brosnachadh na Gàidhlig tro chlasaichean cànan agus còmhraidh stèidhichte sa choimhearsnachd. Bidh CLD cuideachd a’ cur air dòigh tachartasan poblach mòra ag amas an dà chuid air luchd-labhairt na Gàidhlig agus daoine aig nach eil i, mar eisimpleir the Spring Fling, Leap

into Gaelic agus an 'Cèilidh Mòr' a chaidh a libhrigeadh air-loidhne. Thèid co-obrachadh nas dlùithe a bhrosnachadh eadar na roinnean a tha a' libhrigeadh sgilean agus cothroman Gàidhlig tron eagraan seo den phlana againn.

Tha sinn a' cumail oirnn a' brosnachadh deagh ìomhaigh den Ghàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gum faicear i agus tro bhith a' sgaoileadh fiosrachadh agus goireasan air na meadhanan sòisealta, agus anns na sgoiltean. Bidh na sgoiltean againn a' cleachdadh mheadhanan sòisealta leithid Twitter agus Blog na sgoile gus fiosrachadh a thoirt do phàrantan/luchd-cùraim agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd mu ionnsachadh agus teagasg, buileachadh agus coileanadh na h-òigridh sna sgoiltean aca.

Bidh Stiùiriche nan Gnìomhan Gàidhlig a' postadh gu tric air na meadhanan sòisealta (Instagram is Twitter) a' sgaoileadh fiosrachadh feumail mu thachartasan Gàidhlig sa choimhearsnachd, bancaichean fhaclan Gàidhlig agus a' co-roinn obair sgoiltean is sgoilearan. Bidh Stiùiriche nan Gnìomhan Gàidhlig cuideachd a' conaltradh le luchd-buaidh agus coimhearsnachdan na Gàidhlig air-loidhne, a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh cheanglaichean agus a' stèidheachadh na Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo an treas eagraan de Phlana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig. Chaidh an t-eagraan seo den phlana a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig..

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha taic Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2018-23 "gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean".

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair tro na trì cinn seo:-

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn

- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach den Ghàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

In-sgrùdadh air Comas Cànan

An àireamh de luchd-obrach a fhuair trèanadh Gàidhlig	12
Àireamh nan dreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.	25, a' mhòr-chuid stèidhichte ann am foghlam
Àireamh luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne le sgilean Gàidhlig	95

2. PRÌOMH PHRIONNSABALAN

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aca cur ris an ìre de sholar aca anns an raon seo. Tha am **Plana Gàidhlig 2016-2021 (Gàidhlig) / Gaelic Language Plan 2016-2021 (English)** a' mìneachadh nan gnìomhan a tha sinn air gabhail gus cur ri mothachadh air agus cleachdadh na Gàidhlig thairis air beatha a' phlana.

Tha an deasachadh seo den Phlana Gàidhlig againn air a cho-òrdanachadh leis an Sgioba Foghlaim againn, ann an co-chomhairle le luchd-ùidh iomchaidh, an dà chuid a-staigh agus a-muigh. Chaidh an deasachadh seo den phlana a chruthachadh a rèir prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023:

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Tha na h-Amasan Àrd-ìre airson Gàidhlig thar gach raon de sheirbheisean aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath a' fiosrachadh a' Phlana Gàidhlig againn. Chaidh an cruthachadh ann an co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig agus chaidh an aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 2^{na} Gearran 2021.

Tha na h-amasan seo a' gabhail a-steach a h-uile taobh de na h-ullachaidhean a thathar a' dèanamh airson a bhith a' meudachadh inbhe is faicsinneachd na Gàidhlig is a cultar, airson a bhith a' leasachadh agus a' leudachadh na tairgse foghlaim do chloinn is inbhich, agus airson conaltradh le luchd-ùidh gus am miannan is feumalachdan a thaobh na Gàidhlig a chomharrachadh.

Còmhla, tha iad seo a' toirt dhuinn sealladh àrd-amasach airson leudachadh ro-innleachdail air obair na Gàidhlig ann an Siorrachd Lannraig a Tuath, a tha stèidhichte air tuigse air na cothroman nach beag a tha an lùib tasgadh sa Ghàidhlig.

Nì Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

Spèis cho-ionann

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair aca.

Nì Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

Tairgse Ghnìomhach

Bidh Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath a' tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig air an cruthachadh, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air

am brosnachadh gus an cleachdadh. Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid am feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad. Nì sinn cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

Àbhaisteachadh

Nì Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath cinnteach gu bheil cothroman dhan phoball agus dhan luchd-obrach againn gus Gàidhlig a chleachdadh air am brosnachadh, a' cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean.

Nì sinn cinnteach gum bi prìomh chonaltradh le luchd-còmhnaidh Siorrachd Lannraig a Tuath ri fhaighinn an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla agus gun tèid ìomhaigh fhàbharach den Ghàidhlig a bhrosnachadh.

3. GEALTANASAN A' PHLANA

Àmasan àrd-ìre

A' CUR RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Àmas Àrd-ìre	Dèan sgrùdadh ion-dhèantachd air a bhith a' cruthachadh co-ionad Gàidhlig mar phàirt den dòigh-obrach bhuidhneach a thaobh sheirbheisean poblach taobh a-staigh sgìre na comhairle nuair a thèid am plana aontachadh.
Buil a thathar ag iarraidh	Gu bheil plana ga stèidheachadh gus ionad-coimhearsnachd Gàidhlig a chruthachadh taobh a-staigh sgìre Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath a chruthaicheas barrachd chothroman gus a' Ghàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh sa choimhearsnachd.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil co-ionad coimhearsnachd Gàidhlig taobh a-staigh Siorrachd Lannraig a Tuath.
Gnìomhan a dhìth	Dèan sgrùdadh ion-dhèantachd airson Ionad Gàidhlig a stèidheachadh, a' beachdachadh air an oighreachd a tha ri fhaighinn an-dràsta a chleachdadh.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Manaidsear Foghlaim agus Theaghlaichean
Àmas Àrd-ìre	Stèidhich buidheann buileachaidh airson a' phlana Ghàidhlig le àrd-riochdachadh bho gach roinn sa Chomhairle.
Buil a thathar ag iarraidh	Thèid buidheann buileachaidh na Gàidhlig a stèidheachadh le riochdachadh bho gach roinn taobh a-staigh na Comhairle. Tha a h-uile roinn mothachail air na dleastanasan aca a thaobh cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig agus tha a' bhuidheann ag obair gu soirbheachail air feadh na comhairle gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas ga dhèanamh le buileachadh a' phlana.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil buidheann Buileachaidh Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Obraich còmhla air feadh na Comhairle gus oifigearan a chomharrachadh airson a bhith nam ball den bhuidhinn. Stèidhich a' bhuidheann agus dèan cinnteach gu bheil a' bhuidheann a' coinneachadh gach ràithe gus aithris air adhartas le buileachadh a' phlana.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1 is gach bliadhna
Dleastanas	Manaidsear Foghlaim agus Theaghlaichean

A' TOIRT FÀS AIR IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Planaichean air an aontachadh gus àrainn Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig aois 3-18 a stèidheachadh taobh a-staigh sgìre na Comhairle.
Buil a tha air a mholadh	Thèid planaichean aontachadh gus àrainn 3-18 a stèidheachadh taobh a-staigh na sgìre agus tòisichidh obair taobh a-staigh beatha a' phlana seo.
Cleachdadh Làithreach	An-dràsta tha 2 ionad tràth-bhliadhnaichean, 1 bhun-sgoil agus 1 àrd-sgoil a tha a' toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig làraichean eadar-dhealaichte.
Gnìomhan a dhith	Stèidhich Buidheann Co-chomhairleachaidh Phàrant gus fios a chumail ri bhith a' stèidheachadh solar FtG ùr sam bith.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Gnìomhan a dhith	Stèidhich buidheann-obrach air an taobh a-staigh gus taic a chumail ri bhith a' stèidheachadh àrainn FtG 3-18 leis a h-uile roinn iomchaidh air a riochdachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coinneachadh ri gach clach-mhìle.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	Manaidsear Foghlaim agus Theaghlaichean
Amas Àrd-ìre	Gabh ris an dleastanas ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gus solar tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh do luchd-còmhnaidh Siorrachd Lannraig a Tuath ann an dòigh iomchaidh, a' gabhail a-steach an cothrom a tha ann fon Achd seo do phàrantan gus iarraidh gun tèid Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) a stèidheachadh .
Buil a tha air a mholadh	<p>Àrdachadh 20% anns an àireamh de sgoilearan anns na suidheachaidhean FtG againn.</p> <p>Bidh 40% de na 110 bun-sgoiltean againn a' tabhann Gàidhlig mar phàirt de 1+2.</p> <p>Cuir ris an tairgse dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd gus Gàidhlig ionnsachadh gach bliadhna.</p> <p>Meudachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gach bliadhna.</p> <p>Leasachadh bliadhnail air tairgse curraicealaim na h-àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Barrachd cothrom do sgoilearan ann am FtG air gnìomhachdan a bhrosnaicheas Cultar na Gàidhlig leithid Ceòl, Ealain, Dràma</p> <p>Tha pàrantan a tha airson Gàidhlig ionnsachadh a' faighinn taic tro ghoireasan a th' ann mar-thà leithid Stiùiriche nan Gnìomhan Gàidhlig</p> <p>Tha comas aig Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd gus àrdachadh a thoirt air na tha iad a' tabhann dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd gus Gàidhlig ionnsachadh.</p>

Cleachdadh Làithreach	Anns a' bhliadhna sgoile 2020-2021 bha 1 sgoil a' tabhann Gàidhlig mar L3 sa bhun-sgoil, 1 àrd-sgoil a' tabhann luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig mar chuspair, is bha 2 sgoil-àraich, 1 Bhun-sgoil agus 1 Àrd-sgoil a' tabhann FtG.
Gnìomhan a dhith	Stèidhichidh sinn bun-loidhne airson lìbhrigeadh L2 agus L3 aig an àm seo.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	Manaidsear Foghlaim agus Theaghlaichean
Gnìomhan a dhith	Stèidhichidh sinn bun-loidhne airson foghlam FtG tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile agus àrd-sgoile.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean
Gnìomh	A' cleachdadh an fhiosrachaidh a gheibhear bhon sgrùdadh luchd-obrach, cuiridh sinn air dòigh prògram trèanaidh L3. Bithear a' cumail sùil air seo gach bliadhna gus dèanamh cinnteach gun tèid an targaid 40% a choileanadh.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean
Gnìomh	Lìbhrig iomairt sanasachd gach bliadhna gus barrachd luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh thar nan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile agus àrd-sgoile. Bithear a' cumail sùil air seo gach bliadhna, agus thèid adhartas aithris anns na h-aithisgean sgrùdaidh.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1 an uair sin gach bliadhna
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean
	Stèidhich bun-loidhne den tairgse curraicealaim FtG a tha ri fhaighinn ann an Àrd-sgoil Greenfaulds.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean
Gnìomh	Thoir seachad aithris air planadh leasachaidh agus inbhean is càileachd bliadhnail air leasachadh ann an solar curraicealaim san àrd-sgoil.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1 an uair sin gach bliadhna
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean
Gnìomh	Nì sinn sgrùdadh air a h-uile pàrant/neach-cùraim ann am FtG a thaobh feumalachdan ionnsachaidh na Gàidhlig agus le bhith ag obair le Comann nam Pàrant lìbhrigidh sinn seirbheisean taobh a-staigh a' chiad dà bhliadhna den phlana gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig na pàrantan/luchd-cùraim air fad gus Gàidhlig ionnsachadh.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean
Gnìomh	Dèan sgrùdadh air a h-uile seirbheis làithreach dhan choimhearsnachd airson Gàidhlig ionnsachadh agus thoir seachad plana leasachaidh bliadhnail airson solar.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean
Gnìomh	Nì sinn sgrùdadh sàsachd coimhearsnachd air ionnsachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 5
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean

Gnìomh	Dèan sgrùdadh air a h-uile nì cultarail a bharrachd a gheibhear taobh a-staigh solar tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile agus àrd-sgoile.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean
Gnìomh	A' cleachdadh pròiseasan aithris inbhean agus càileachd, nì sinn cinnteach gum bi adhartas bliadhnail air solar cultarail a bharrachd anns gach ionad FtG.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2 is an uair sin gach bliadhna
Dleastanas	Sgioba Foghlaim is Theaghlaichean

A' CUR DEAGH ÌOMHAIGH AIR ADHART AIRSON NA GÀIDHLIG

A bharrachd air na h-Amasan Àrd-ìre a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath a' gealltainn gun lìbhrig iad an treas àrd phrìomhachas a tha air a mhìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 gus deagh ìomhaigh a bhrosnachadh den Ghàidhlig. Nì sinn seo tro bhith a' buileachadh nan gealltanasan airson cur ri ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig cho math ri bhith a' cur an gnìomh nan amasan seirbheis corporra a tha air am mìneachadh gu h-ìosal.

Amasan Seirbheis Corporra

INBHE

Buil a thathar ag iarraidh	Suaicheantas agus brannd Cuirear cruth dà-chànanach air an t-suaicheantas chorporra agus air a' bhrannadh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas an aon ìre follaiseachd a thoirt dhan dà chànan.
Cleachdadh Làithreach	Tha a h-uile conaltradh sa Bheurla aig an àm seo agus feumar àrd-ùrlaran ruigsinneach agus feumar gnìomhan a ghabhail.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Mar phàirt de dh'ùrachadh sam bith air branndadh san àm ri teachd, cuiridh sinn cruth dà-chànanach air suaicheantas corporra ùr na Comhairle. • Aontaichidh sinn prògram-obrach gus an suaicheantas dà-chànanach a chur an sàs, nuair a bhios e deiseil, air branndadh na comhairle air prìomh àrd-ùrlaran agus pàipearachd na comhairle air stèidh ath-nuadhachaidh.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Foghlam agus Teaghlaichean, Conaltradh Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Soidhnichean Bidh soidhnichean follaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh Làithreach	Tha prògram de dh'ùrachadh shoidhnichean a' dol air adhart an-dràsta mar phàirt de dh'ùrachadh suaicheantas na Comhairle.

Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dèan cinnteach gu bheil dreachan Gàidhlig den t-suaicheantas agus soidhnichean iomchaidh anns a' phrògram ùrachaidh. Stèidhich prògram-obrach gus soidhnichean ùra faisg air a h-uile suidheachadh FtG a dhèanamh dà-chànanach nuair a thèid an ath-nuadhachadh.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 4
Dleastanas	Conaltradh Corporra, Seilbh

CONALTRADH LEIS A' PHOBALL

Buil a thathar ag iarraidh	Brosnachadh Gum bi am poball mothachail gu bheil foghlam Gàidhlig ri fhaighinn ann an Siorrachd Lannraig a Tuath do chloinn is daoine òga agus gun gabh Gàidhlig a chleachdadh airson conaltradh air diofar àrd-ùrlaran.
Cleachdadh Làithreach	Aig an àm seo, tha an tairgse tro sholar foghlaim, agus tha litreachan gan cur gu pàrantan/luchd-cùraim a h-uile duine a tha gu bhith a' dol dhan sgoil gus innse dhaibh gu bheil foghlam Gàidhlig ann.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dèan lèirmheas air àrd-ùrlaran conaltraidh uile na comhairle gus cleachdadh na Gàidhlig a mheasadh. Cuir molaidhean an lèirmheis an sàs ann an sianalan conaltraidh na comhairle.
	<ul style="list-style-type: none"> Cruthaich duilleag shònraichte air làrach-lìn na comhairle mu sholarachadh ionnsachadh na Gàidhlig agus brosaich seo sna meadhanan sòisealta
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	Foghlam agus Teaghlaichean agus Conaltradh Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Conaltradh Sgrìobhte Bithear daonnan a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus bheirear seachad freagairtean sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitinn.
Cleachdadh Làithreach	Chan e cleachdadh làithreach a tha seo
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Comharraich buill den t-seirbheis le dreuchd phoblach as urrainn dèiligeadh ri ceistean is msaa a thèid a chur a-steach sa Ghàidhlig Thoir trèanadh iomchaidh do luchd-obrach a nochdas ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig Far a bheil e comasach, dèan cinnteach gu bheil luchd-obrach ann an dreuchdan poblach ri fhaighinn do luchd-labhairt na Gàidhlig a tha ag iarraidh seo
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Ceannardan Seirbheis/Co-ionann

Buil a thathar ag iarraidh	Fàilteachas is fòn Far am bi e comasach do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, thèid taic a chumail riutha gus seo a dhèanamh agus thèid an t-seirbheis a bhrosnachadh dhan phoball.
Cleachdadh Làithreach	Chan e cleachdadh làithreach a tha seo. Ionad-fàilte
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Comharraich luchd-obrach ionad-fàilte/rianachd a tha comasach air còmhradh a chumail sa Ghàidhlig. • Thoir trèanadh iomchaidh do luchd-obrach aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Ghàidhlig. • Far a bheil e comasach, dèan cinnteach gu bheil luchd-fàilteachaidh rim faighinn airson luchd-labhairt na Gàidhlig a dh'iarra seo.
Ceann-latha targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Rianachd

Buil a thathar ag iarraidh	Coinneamhan poblach Tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil coinneamhan poblach gan cumail sa Ghàidhlig gu cunbhalach
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Stèidhich poileasaidh air an taobh a-staigh a thaobh Gàidhlig a bhith aig coinneamhan poblach agus brosnachadh cleachdadh na Ghàidhlig gu cunbhalach.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Uile

FIOSRACHADH

Buil a thathar ag iarraidh	Fiosan-naidheachd
	Thèid fiosan-naidheachd àrd-ìomhaigh agus gach fios naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a sgaoileadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh Làithreach	Chan e cleachdadh làithreach a tha seo
Gnìomhan a dhìth	<p>Bu chòir na geallaidhean seo atharrachadh gu na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Stèidhich pròiseas gus cuspairean a chomharrachadh ris an tèid dèiligeadh gu dà-chànanach. • Foillsich 5 brathan naidheachd dà-chànanach gach bliadhna.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 5
Dleastanas	Sgioba Conaltradh Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Meadhanan Sòisealta Bithear a' sgaoileadh fios gu cunbhalach tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de chleachdadh aig an àm seo agus den ìre a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd
----------------------------	--

Cleachdadh Làithreach	Bidh sgoiltean a tha a' tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd a' postadh susbaint sa Ghàidhlig gu cunbhalach. Bu chòir naidheachdan mòra agus prìomh phoileasaidhean/planaichean (ri chomharrachadh) eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Stèidhich bun-loidhne airson na h-ìre de shusbaint Ghàidhlig a tha ga sgaoileadh an-dràsta air a h-uile sianal sna meadhanan sòisealta. Leudaich cleachdadh na Gàidhlig air meadhanan sòisealta uile na Comhairle leis an amas susbaint àrdachadh 5% gach bliadhna.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Conaltraidh Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Làrach-lìn Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.
Cleachdadh Làithreach	Dìreach mu sholar Gàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dèan lèirmheas air an làrach-lìn làithrich agus cuir an gnìomh comhairle nàiseanta Bhòrd na Gàidhlig air làraichean-lìn an ùghdarrais ionadail. Cruthaich duilleag shònraichte le fiosrachadh mu ionnsachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Lannraig a Tuath agus cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh san sgìre.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Foghlam is Teaghlaichean

Buil a thathar ag iarraidh	Foillseachaidhean Corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine.
Cleachdadh Làithreach	Chan e cleachdadh làithreach a tha seo
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dèan lèirmheas air a h-uile foillseachadh corporra agus comharraich an fheadhainn aig a bheil an ruigsinneachd as àirde airson eadar-theangachadh gu Gàidhlig nuair a thèid an ùrachadh. Foillsich 5 conaltraidhean corporra san dà chànain
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Conaltradh Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh a' chànain Tha pròiseas an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh corporra aig ìre àrd.
Cleachdadh Làithreach	Chan e cleachdadh làithreach a tha seo

Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Nì sinn cinnteach gun cleachd sinn eadar-theangair proifeasanta nuair a bhios sinn a' sireadh seirbheisean eadar-theangachaidh air foillseachaidhean, làrach-lìn agus meadhanan sòisealta nuair a tha seo a dhìth.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Conaltraidh Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Taisbeanaidhean Bu chòir coimhead air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a' bhuaidh as motha.
Cleachdadh Làithreach	Chan e cleachdadh làithreach a tha seo
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Libhrig 2 thaisbeanadh poblach gu dà-chànanach
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	Cultar NL

LUCHD-OBACH

Buil a thathar ag iarraidh	In-sgrùdadh Dèan sgrùdadh air an taobh a-staigh den luchd-obrach air fad a thaobh sgilean Gàidhlig
Cleachdadh Làithreach	Chan eil seo na chleachdadh cumanta thar gach raon den t-seirbheis
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dèan sgrùdadh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach gu lèir taobh a-staigh na buidhne.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	EFM/Buidheann-stiùiridh

Buil a thathar ag iarraidh	Inntrigeadh Cuir a-steach susbaint mun Phlana Gàidhlig anns a h-uile prògram inntrigidh airson luchd-obrach agus Comhairlichean ùra.
Cleachdadh Làithreach	Chan e cleachdadh cumanta a tha seo
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Cuir a-steach susbaint mun Phlana Gàidhlig anns a h-uile prògram inntrigidh airson luchd-obrach agus Comhairlichean ùra.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	EFM/HR

Buil a thathar ag iarraidh	Trèanadh cànan Trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig gu bhith air a thabhann dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' buileachadh Plana Gàidhlig an ùghdarrais ionadail.
----------------------------	---

Cleachdadh làithreach	Tha GLS airson luchd-obrach mar phàirt den tairgse aig Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd. Thathar a' tabhann trèanadh Gàidhlig do luchd-teagaisg agus luchd-taic mar phàirt den tairgse CLPL
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Bhon fhiosrachadh bun-loidhne bhon sgrùdadh luchd-obrach, cuiridh sinn ri cothroman ionnsachaidh Gàidhlig dhan a h-uile neach-obrach le ùidh sa chùis. Obraichidh sinn còmhla ri ùghdarrasan poblach eile gus cothroman ionnsachaidh air-loidhne a thoirt dhan luchd-obrach.
Ceann-latha targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	EFM/Buidheann-stiùiridh

Buil a thathar ag iarraidh	<p>Trèanadh mothachaidh</p> <p>Trèanadh mothachaidh Gàidhlig gu bhith air a thabhann dhan luchd-obrach uile, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill bhùird, comhairlichean agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach leis a' phoball.</p> <p>Thèid ùrachaidhean agus cùrsaichean ùrachaidh a toirt seachad gach bliadhna</p>
Cleachdadh Làithreach	Chan eil seo air a thabhann gu cunbhalach
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Thoir seachad seiseanan Mothachadh Gàidhlig gach bliadhna dhan luchd-obrach agus do na Comhairlichean air fad Dèan cinnteach gun tèid seiseanan ùrachaidh air mothachadh Gàidhlig a thabhann dhan h-uile neach-obrach agus Comhairliche
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 2
Dleastanas	Buidheann-stiùiridh

Buil a thathar ag iarraidh	<p>Fastadh</p> <p>Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh tron ùghdarras phoblach air fad.</p>
Cleachdadh Làithreach	Tha seo a' tachairt nuair a thathar a' fastadh luchd-obrach ann an roinn na Gàidhlig
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Stèidhichidh sinn poileasaidh agus modh-obrach airson comharrachadh far am bu chòir dreuchdan a bhith air am meas mar dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no na buannachd.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 3
Dleastanas	HR/ Uile

Buil a thathar ag iarraidh	<p>Fastadh</p> <p>A' Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no buannachdail ann an dealbhan-obrach gus am plana Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir stiùireadh fastaidh Bhòrd na Gàidhlig.</p>
Cleachdadh Làithreach	Far a bheil seo riatanach airson na dreuchd

Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Comharraichidh sinn dreuchdan far am biodh sgilean Gàidhlig riatanach no feumail, le fòcas sa cheud dol a-mach air dreuchdan taobh a-staigh nan sgiobaidhean conaltraidh, corporra agus leasachadh coimhearsnachd.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 3
Dleastanas	Sgioba Tàlaint

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Sanasan obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.
Cleachdadh Làithreach	Chan e cleachdadh làithreach a tha seo
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Nì sinn cinnteach gum bi gach sanas obrach far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach air fhoillseachadh gu dà-chànanach.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 3
Dleastanas	Sgioba Tàlaint

CORPAS NA GÀIDHLIG

Buil a thathar ag iarraidh	Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.
Cleachdadh Làithreach	Seo an cleachdadh làithreach
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Cùm oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig anns a h-uile nì sgrìobhte a bhios sinn a' dèanamh.
Ceann-latha Targaid	Bliadhna 1
Dleastanas	Conaltraidh Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Ainmean-àite Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
Cleachdadh Làithreach	Far a bheil feum air soidhnichean ùra, agus far a bheil maoineachadh ri fhaotainn, 's e seo an cleachdadh làithreach
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh Ainmean-Àite na h-Alba nuair a bhios feum againn air fiosrachadh mu ainmean-àite airson shoidhnichean.
Ceann-latha Targaid	Bho Bhliadhna 1
Dleastanas	Sgioba Iomairt is Choimhearsnachdan

4. PRÒISEAS CO-CHOMHAIRLEACHAIDH

Chaidh an dreachd Phlana Gàidhlig a chur a-mach sa Ghiblean gu co-chomhairleachadh poblach 6-seachdainean , leis a' cheann-latha 7^{mh} Ògmhios 2021.

Chaidh am plana fhoillseachadh tro làrach-lìn na Comhairle, na Meadhanan Sòisealta agus tro na sgoiltean a tha a' tabhann FtG aig an àm seo. A bharrachd air seo, chaidh fios a sgaoileadh do luchd-obrach tron Iris sheachdaineil.

Chaidh coinneamhan a chumail le pàrantan agus luchd-ùidh air fòn (3), Teams (3) agus Webex (20).

Fhuaradh 16 freagairtean sgrìobhte.

B' iad na prìomh phuingeann a chaidh a thogail:

Thuirt thu...	Rinn sinn seo.....
Chan eilear a' dèanamh sanasachd gu leòr gu bheil FtG ri fhaighinn.	Thòisich obair air fiosrachaidh ùrachadh air làrach-lìn na Comhairle gus tairgse FtG a chomharrachadh
Tha cus cuideim anns an dreachd phlana air ionnsachadh na Gàidhlig ann an sgoiltean mar phàirt de 1+2	Chuir sin fòcas ùr air a' chiad earrainn gus cuideam a chur air cho cudromach 's a tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig dhan ro-innleachd san fharsaingeachd.
Cha robh clàran-ama soilleir gu leòr.	Rinneadh cinnteach gun robh clàran-ama reusanta is soilleir sa phlana ath-dhealbhaichte
Dith ghniomhan cultarach nas fharsainge do sgoiltean	Chaidh Stiùiriche Ghnìomhachdan Gàidhlig fhastadh gus raon de chur-seachadan taobh a-muigh na sgoile a chur air dòigh. Co-obrachadh nas làidire eadar Foghlam agus Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd a thaobh na tairgse Gàidhlig

5. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH

A rèir amasan an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta, a gheibhear an seo,

<https://nationalperformance.gov.scot/>

Tha e na amas aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath dèanamh cinnteach gu bheil an cothrom as fhèarr aig a h-uile neach-còmhnaidh gus an comas agus an àrd-amasan a choileanadh a rèir nam Builean Nàiseanta. Gu sònraichte:

- a' fàs suas gu sàbhailte le gaol is spèis gus an coilean iad an làn chomasan
- a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte
- cruthachail agus gum bi na cultaran beòthail is eadar-mheasgte aca air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing
- air an deagh oideachadh is le deagh sgilean agus comasach air cur ris a' chomann-shòisealta
- a' toirt spèis do chòraichean daonna, gu bheilear gan dìon agus gan coileanadh agus gu bheilear saor bho lethbhreith
- fosgailte, ceangailte agus a' toirt deagh bhuidhe gu h-eadar-nàiseanta

Tha na buannachdan sòisealta is cultarail a tha an lùib a bhith ag ionnsachadh tron Gàidhlig, a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig a bhruidhinn agus a bhith a' tuigsinn cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig mar bhunait dhan eagraan as ùire seo den Phlana Ghàidhlig.

6. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAICHEAN-OBACH IONADAIL AGUS ROINNEIL

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath air plana ro-innleachdail àrd-amasach a chruthachadh airson na sgìre gus Siorrachd Lannraig a Tuath a dhèanamh na àite airson a bhith a' fuireach, ag ionnsachadh, ag obair, a' tasgadh agus a' tadhal air:

[Am Plana airson Siorrachd Lannraig a Tuath\[929kb\]](#)

Fiosrachaidh am plana seo na leasachaidhean air fad tro obair an Ùghdarrais air fad agus bheir e buaidh air beatha gach neach-ùidh ann an Siorrachd Lannraig a Tuath. Tha dèanamh cinnteach gu bheil dualchas cultarail na sgìre air aithneachadh, gu bheil luach air a chur ann agus gu bheil e ga leasachadh na phrìomh phàirt den lèirsinn seo.

Tha Seirbheis Foghlaim is Teaghlaichean Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath gu mòr an sàs anns a' Chaidreachas Leasachaidh Foghlam Roinneil ann an grunn raointean, agus tha na daoine òga againn a' faighinn buannachd bhon dòigh-obrach cho-roinnte seo a thaobh deagh chleachdadh ann an raointean a' gabhail a-steach Ionnsachadh is Teagasg, Measadh is Modarataireachd agus Ceannardas.

7. FOILLSEACHADH

Foillseachadh agus sanasachd a' Phlana

Às dèidh a' cho-chomhairleachaidh seo thèid dreachd Phlana Gàidhlig 2021-26 ùrachadh mar Phlana Gàidhlig 2022-2027, agus thèid atharrachadh mar a bhios iomchaidh is an uair sin thèid fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- cuiridh sinn a-mach fios-naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana
- nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta
- sgaoilidh sinn lethbhreacan do bhuidhnean leth-eisimeileach agus do bhuidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mìneachadh an dleastanais aca ann an libhrigeadh a' phlana
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis
- cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

8. A' GOIREASACHADH A' PHLANA

Bidh a' chiad bhliadhna de bhuileachadh a' phlana a' tighinn bho bhuidseatan a th' ann mar-thà a' gabhail a-steach maoinachadh bho thùsan bhon taobh a-muigh.

Feumar na cosgaisean obrachadh a-mach agus maoinachadh iomchaidh a lorg airson barrachd leudachaidh taobh a-staigh FtG agus FLi an dà chuid bhon taobh a-staigh agus an taobh a-muigh.

Obraichidh sinn a dh'ionnsaigh àbhaisteachadh nan cosgaisean co-cheangailte ri bhith a' buileachadh nan gealltanasan corporra againn mar a tha sinn air mìneachadh sa phlana, taobh a-staigh nam buidseatan làithreach againn.

9. A' SGRÙDADH A' PHLANA

Tha sgrùdadh leantainneach de phlanaichean Gàidhlig aontaichte na riatanas ann an Achd na Gàidhlig (Alba). Nì am Manaidsear Foghlaim is Teaghlaichean aig a bheil uallach airson a' phlana cinnteach gun tèid seo a choileanadh agus thèid aithisg adhartais bhliadhnail a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig agus bi e ri fhaighinn dhan phoball.

10. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGHDARRAS PHOBLACH

Uallach airson a' phlana

Tha uallach iomlan air a' Cheannard Seirbheis (Foghlam is Teaghlaichean) airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath.

Mrs J O'Neill

Ceannard

Seirbheis

oneillja@northlan.gov.uk

Tha uallach làitheil air Manaidsear Foghlam agus Chloinne airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Siorrachd Lannraig a Tuath.

Mrs J Cahill

Manaidsear Foghlaim agus Theaghlaichean

cahilljac@northlan.gov.uk

Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh a' phlana Ghàidhlig

Thèid buidheann-stiùiridh a stèidheachadh le riochdachadh iomchaidh bho na seirbheisean uile. Bidh e cuideachd a' gabhail a-steach stiùireadh air mar a rachar an sàs le buidhnean san treas roinn gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig follaiseach agus gu bheil dealas Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath a thaobh adhartachadh a' chànain agus a' chultair soilleir agus follaiseach.